

# IAIN AGUS NA DROGAICHEAN



FILEANTA

 Stòrlann  
Nàiseanta na Gàidhlig

# RO-RÀDH

## Suidheachadh na Nobhail

Tha thu gu bhith a' leughadh **Iain agus na Drogainchean**. Tha an sgeulachd suidhichte ann am **Port Rìgh**, prìomh bhaile an Eilein Sgitheanaich, agus ann an **Sgontnsair**. Tha iomradh cuideachd anns an sgeulachd air dà àite eile: **An t-Àth Leathann** agus **Camus Tianabhaig**.

1. Faigh a-mach, le bhith a' cleachdadadh an eadar-lìn, far a bheil na h-àiteachan ann an clò dorcha gu h-àrd agus seall far a bheil iad air a' mhapa gu h-iseal.
2. Faigh a-mach, a-rithist le bhith a' cleachdadadh an eadar-lìn, mu na leanas:
  - i. Ged a bhios sinn a' ràdh Port Rìgh an-diugh, 's e Port Ruighe a bh' ann bho thùs. Faigh a-mach dè th' ann an 'ruighe'?
  - ii. Cia mheud duine a tha a' fuireach ann am Port Rìgh an-diugh?
  - iii. Dè na sgoiltean a tha sa bhaile?
  - iv. Carson a tha ostail aig an àrd-sgoil?



**AN T-EILEAN  
SGITHEANACH**

# CAIBIDEIL A H-AON: ANNS AN OSTAIL.

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Càit a bheil lain a' fuireach?
- ii. Cò th' ann am Muff?
- iii. Dè an clas anns an d' fhuair Muff air falbh bho lain?
- iv. Cò ris a tha Mgr Òg coltach?
- v. Fhad 's a bha lain a-staigh, dè bha na gillean eile a' dèanamh?
- vi. Dè an aois a tha lain?
- vii. Carson nach robh lain toilichte anns an ostail?
- viii. Dè thachair aig deireadh a' chaibideil?



## 2. Caractaran

Tha sinn a' coinneachadh ri prìomh charactaran na sgeulachd anns a' chiad chaibideil.

Freagair na ceistean a leanas:

- ann an deagh Ghàidhlig
- ann an seantansan
- agus le fianais fhreagarrach (faclan no abairtean cudromach às a' chaibideil) gus taic a thoirt dha do fhreagairtean.

### Iain

- i. Le bhith a' togail air trì no ceithir eisimpleirean às a' chaibideil air fad, seall gur e caractar aonaranach a th' ann an lain.

### Muff

- ii. Nad fhaclan fhèin, dèan geàrr-chunntas air carson nach biodh lain a' toirt Muff leis gu clasaichean tuilleadh.

### An Sgioba

- iii. Thoir fiosrachadh mun Sgioba (ainmean, aois, agus dad sam bith eile a tha sinn a' faighinn a-mach mun deidhinn).

# CAIBIDEIL A H-AON: ANNS AN OSTAIL.



## 3. Ealain

Le bhith a' cleachdadh fiosrachadh bhon chaibideil seo, dèan dealbh de Muff. Faodaidh tu taghadh bho na suidheachaidhean a leanas:

- Paragraf 2 – Muff ann an ceidse.
- Paragrafan 3-4 – Muff a' faighinn ma sgooil ann an clas Matamataig.
- Paragraf 15 – Muff air leabaidh lain.
- Am paragraf mu dheireadh – Muff a' ruith a-mach an doras.

# CAIBIDEIL A DHÀ: ANNS AN TAIGH-BHEAG

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Tagh abairt a sheallas dhuinn nach robh lain idir dèidheil air Easgann.
- ii. Dè mhothaich lain mu Easgann nuair a thàinig e a-steach dhan taigh-bheag?
- iii. Dè an rud a bha Easgann ag iarraidh mus faigheadh lain Muff air ais?
- iv. Dè thuirt Easgann a bha e fhèin is Sgait a' dèanamh san taigh-bheag?
- v. Dè thachradh nan innseadh lain mun rud a chunnaic e?
- vi. Càit an deach lain gus am faigheadh e air falbh bhon ostail?



## 2. Èisteachd

Dè cho math 's a tha thu air fiosrachadh a thuigsinn agus notaichean a dhèanamh dheth? Cluinnidh tu a' chaibideil seo a dhà no trì thursan.

Freagair na ceistean a leanas **le notaichean**.

Feuch ri fianais (faclan no abairtean cudromach às a' chaibideil) a chleachdadh gus taic a thoirt dha do fhreagaирtean.

### Easgann agus Sgait

- i. 'S e Easgann an gille a bu lugha air lain anns an ostail'. Inns carson.
- ii. Dè an dà rud a chuir 'stad' air lain?
- iii. Dè rinn Easgann a thug air lain feuchainn ri faighinn seachad air an dithis bhalach eile?
- iv. Dè an 'gealladh' a bha Easgann ag iarraidh air lain mus toireadh e Muff dha?
- v. Tagh fiosrachadh a tha a' sealltainn gun do dh'fhàg an suidheachadh seo lain gu math briste.
- vi. Dè an rud a bu lugha air lain?
- vii. Dè cho fad 's a bha lain an dùil a bhith ag iasgach?

# CAIBIDEIL A TRÌ: AIG A' CHIDHE

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Dè chunnaic lain nuair a ràinig e an cidhe?
- ii. Carson a bu thoigh le lain iasgach?
- iii. Carson nach robh lain ach 'cho toilichte 's a b' urrainn dha a bhith"?
- iv. Carson a bha fear de na daoine a bha air bàrd na yacht den bheachd gun robh an turas aca 'ann an cunnart'?



## 2. Beachdachadh

'S e **beachdachadh** an sgil a bhith a' smaoineachadh mu fhiorsachadh agus a bhith a' toirt do bheachd air.

Freagair a' cheist a leanas:

- ann an seantansan.
- agus le fianais fhreagarrach (faclan no abairtean cudromach às a' chaibideil).

*'Cha robh còir agad a thoirt  
dhaibh. Tha thu a' cur an turais  
againn ann an cunnart.' ...*

*'Na biodh dragh ort. Cha chan  
an dithis ud guth. Chuir mi eagal  
am beatha orra.'*

Smaoinich air Caibideil 2 agus Caibideil 3.

Dè, nad bheachd-sa, a bha na daoine anns an yacht a' ciallachadh leis na thuiridh iad?  
Inns carson a tha thu den bheachd seo.

# CAIBIDEIL A CEITHIR: AM MARY-JANE

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Carson a bha sgioba a' Mary-Jane cho toilichte?
- ii. Dè an ceann-uidhe a bh' aig na drogaichean?
- iii. Dè an dòchas a bh' aig Hardy?
- iv. Dè bha 'beairteach' a' ciallachadh dha Toff?
- v. Cò ris a bha Sgiobair coltach?
- vi. Carson nach robh iad airson a dhol air fìr ann am bailtean mar Phort Rìgh?
- vii. Carson a bha iad gu bhith a' seòladh a Sgonnsair tron oidhche?

## TURAS A' MHARY-JANE



# CAIBIDEIL A CEITHIR: AM MARY-JANE



## 2. Èisteachd

Cluinnidh tu a' chaibideil seo a dhà no trì thursan.

Freagair na ceistean a leanas le notaichean.

Feuch ri fianais (faclan no abairtean cudromach às a' chaibideil) a chleachdadh gus taic a thoirt dha do fhreagairtean.

### Pàirt A

- i. Tagh abairt a tha a' sealltainn nach robh cabhag air a bhith air sgioba a' Mhary-Jane.
- ii. Dè an seòrsa àiteachan anns an robh am bàta air a bhith a' tadhail?
- iii. Dè cho fada 's a thug an turas?
- iv. Dè an luach a bh' air na drogaichean a bh' air bòrd a' bhàta?

### Pàirt B

- v. Carson nach robh Toff ag aontachadh ri na thuirt Hardy ('tha sinn gu bhith nar daoine beairteach')?
- vi. Dè bha sgioba a' Mhary-Jane a' dèanamh aig an àm seo?
- vii. Cò ris a bha Toff coltach?
- viii. Dè fhuair sinn a-mach mu Hardy?

### Pàirt C

- ix. Cò dheigheadh dha na bùihtean do mhuinnitir a' bhàta?
- x. Dè bha Hardy air a thoirt do ghilleann às an ostail?
- xi. Dè an uair a bha iad a' dol a choinneachadh ri bhan ann an Sgonnsair?
- xii. Cò mu dheidhinn a bha iad a' bruidhinn mus deach iad dhan leabaidh?
- xiii. Dè an uair a bha e aig deireadh a' chaibideil?

# CAIBIDEIL A CÒIG: FATHANN

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Dè an dà rud a bhiodh Mgr MacLeòid a' dèanamh nuair a bhiodh dragh air?
- ii. Dè na h-obraighean a bh' aig Mgr Òg agus aig a' Bhean NicColla?
- iii. Carson a bha dragh air Mgr MacLeòid?
- iv. Dè an rud eile a bhiodh Mgr MacLeòid a' dèanamh nuair a bhiodh dragh air?
- v. Dè am prìomh fhiosrachadh a th' air a thoirt dhuinn mun Bhean NicAsgaill?
- vi. Cò bha gu bhith aig a' choinneimh?



## 2. Geàrr-chunntas

'S e sgil chudromach a th' ann a bhith a' **taghadh an fhiosrachaidh as cudromaiche** à teacs a gus geàrr-chunntas a dhèanamh. Bu chòir dhut seo a dhèanamh **nad fhaclan fhèin**.

Leis gur e seo a' chiad turas a nì thu seo, tha cuideachadh ann dhut.

Cuir cùl a' gheàrr-chunntas gus innse mu na rudan as cudromaiche a thachair sa chaibideil seo:

- i. Am fiosrachadh a fhuair Mgr MacLeòid, ceannard Sgoil Phort Righ:  
Bha màthair aon de na sgoilearan air \_\_\_\_\_  
oir bha i air cluinntinn \_\_\_\_\_.
- ii. An Còmhradh eadar Mgr MacLeòid, Mgr Òg agus a' Bhean NicColla:  
Thuirt Mgr MacLeòid riutha gun robh \_\_\_\_\_  
air innse dha \_\_\_\_\_.  
Cha do chreid iad Mgr Òg an toiseach oir \_\_\_\_\_.  
Cha robh e a' smaoineachadh gum biodh \_\_\_\_\_.  
Cha do chreid a' Bhean NicColla an toiseach – cha robh i a' smaoineachadh \_\_\_\_\_.

# CAIBIDEIL A SIA: A' CHOINNEAMH

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Ro thoiseach na coinneimh, cò ris a bha Easgann agus Sgait coltach?
- ii. Ainmich dà rud a sheall gun robh rudeigin fada ceàrr.
- iii. Carson a sguir Mgr MacLeòid a bhruidhinn airson greis (às dèidh dha faighneachd dha na sgoilearan an robh fios aca carson a bha coinneamh ann)?
- iv. Dè thachradh do dhuine sam bith nam faigheadh Mgr MacLeòid a-mach gun robh iad a' gabhail dhrogaichean?
- v. Dè bha Easgann is Sgait a' dèanamh fhad 's a bha Mgr MacLeòid a' bruidhinn?
- vi. Thuig lain carson a bha Easgann is Sgait cho fiadhaich. Inns carson.
- vii. Carson a dh'fheumadh lain fuireach san ostail?
- viii. Carson a bha MacDhomhnaill a' smaoineachadh nach robh firinn sa ghnothach?
- ix. Dè bha air tachairt san rùm aig lain agus an Sgioba fhad 's a bha lain air falbh?

# CAIBIDEIL A SIA: A' CHOINNEAMH



Anns an nobhail seo, tha an sgrìobhadair a' cleachdadadh diofar **sheallaidhean** gus an sgeulachd innse.

Glè thric, tha sùilean lain mar chamara a dh'innseas an sgeulachd dhuinn. Aig amannan eile, 's e smuainteann lain a leughas sinn. Uaireannan, tha an neach-aithris ag innse dhuinn na tha a' tachairt.

**Ann am buidhnean**, lìonaibh an clàr air an ath dhuilleag. Chaidh a' chiad agus an treas paragraf a dhèanamh dhuibh mar eisimpleirean.

Par.	Teacsa	Càit?	Sealladh (le fianais)
1.	Bha lain ann an seòmar nan geomannan is e a' cluich teanas-bùird còmhla ri Domitan nuair a thàinig Punto le naidheadchd mun choinneimh. Bha aca uile, nigheanan agus gillean, ri dhol chun an t-seòmair mhòir far am biodh iad a h-uile oidhche nan suidhe airson uair a thide a' dèanamh obair-dachaigh.	seòmar nan geomannan	Tha 'an camara' air lain (agus Domitan is Punto): me, 'Bha lain ann an seòmar nan geomannan.'
2.	Nuair a ràinig lain an seòmar mòr, chunnait e gun do shuidh an Sgioba faisg air a chèile. Thug e an aire gun do shuidh Easgann agus Sgait faisg air a chèile cuideachd, agus abair gun robh sunnd orra, 's iad a' gàireachdainn agus a' fealla-dhà. Shuidh lain cho fada air falbh bhupa agus a b' urrainn dha.		
3.	Bha a h-uile duine a' bruidhinn mun choinneimh. Carson a chaidh an gairm còmhla? An e dad a bha ceàrr? Cha robh fios aig duine, ach nuair a chunnait iad an ceannard, an dotair agus an dithis eile còmhla riutha thàinig stad air a' ghàireachdainn agus a' chòmhchràdh. Bha aodann Mhgr MhicLeòid trom, dùrachdach. Cha robh an solas spòrsail, àbhaisteach ann an sùilean Mhgr Òig.	an seòmar mòr	Tha 'an camara' an toiseach a' coimhead timcheall air an t-seòmar agus ag èisteachd ris a' chloinn: 'Bha a h-uile duine a' bruidhinn mun choinneimh'. Tha e an uair sin a' coimhead air an dithis a tha os cionn na coinneimh: 'Bha aodann Mhgr MhicLeòid ...'.
4-7	"A bheil fios aig duine carson a chaidh ur gairm còmhla?" thòisich Mgr MacLeòid. Cha do chuir duine suas a làmh. Sgrùd e na h-aodainn mu choinneimh, a' sealltainn airson duine a bha an-fhoiseil no a bha a' coimhead ciontach, mus do chùm e air. "S e rud gu math cudromach air a bheil sinn a' dol a bhruidhinn ribh. Fhuair mise fios an-diugh gu bheil cuideigin anns an ostail seo a' gabhail dhrogaichean air leth cunnartach. Air an fhacal "drogaichean" thàinig drann bho na sgoilearan. Chuir Mgr MacLeòid suas a làmh. "Cha leig mise leas innse dhuibh, ma gheibh mise a-mach gu bheil duine anns an sgoil seo ri leithid de dh'obair olc, gun tèid a chur a-mach às an sgoil mus suath a chasan an lär." Thuirt e mòran eile, a' toirt rabhadh dhaibh mu dhrogaichean agus an cunnart a bha nan lùib."		



# CAIBIDEIL A SIA: A' CHOINNEAMH

Par.	Teacsá	Càit?	Sealladh (le fianais)
8-10	<p>Fhad 's a bha e a' bruidhinn bha lain a' faireachdainn Easgann agus Sgait a' geur-amharc air le näimhdeas nan sùilean. An toiseach cha robh e a' tuigsinn dè bha a' tighinn riutha. An uair sin thàinig e uile thuige ann am priobadh.</p> <p>Am pùdar geal! Cha b' e sherbet a bha ann idir ach droga, air 's bith dè seòrsa, cha robh fhios aige. Sin carson a bha iad cho fiadhaich! Bha iad a' smaoineachadh gun do dh'innseasan orra. Aig an aon àm chuijmhnich e air na chuala e bhon yacht. "Cha robh còir agad a thoirt dhaibh, tha thu a' cur an turais agaínn ann an cunnart." Agus am freagairt bhon fhear eile, "Na biodh dragh ort. Cha chan an dithis ud guth."</p> <p>Thàinig e a-steach air gun robh ceangal ann eadar an rud a bha Easgann agus Sgait ris agus an rud a thuirt fir na yacht. Cha b' urrainn dha dearbhadh gun d' fhuair iad drogaichean bhon yacht, ach càit eile am faigheadh iad iad?</p>		
11	<p>Bha an Dotair Reay, duine mòr àrd le aodann còir, a-nis air a chasan is e ag innse dhaibh cho cunnartach agus a bha drogaichean do shlàinte.</p> <p>Ri thaobh bha Mgr Òg agus e a' gnogadh a chinn gu tuigseach an-dràsta agus a-rithist. Thuir Mgr MacLeòid mu dheireadh nam faigheadh esan dearbhadh gun robh firinn sam bith anns an fhathann mu dhrogaichean a bhith anns an ostail gun tigeadh am poileas a dhèanamh ceasnachadh.</p>		
12	<p>Chuir seo uile eagal air lain. Chan e gun tigeadh am poileas, ach dè dhèanadh Easgann agus Sgait? Bha iad fthatast a' coimhead a-nall air le fuath agus an cinn a' dol còmhla mar gum biodh iad a' dealbh innleachd na aghaidh. B' fheàrr leis nach robh e riamh air tighinn don ostail, ach cha robh roghainn aige sa ghnothach. 'S ann an ceann a deas an eilein a bha a dhachaigh agus dh'fheumadh feadhainn a bha a' fuireach cho fada air falbh an t-seachdain a chur seachad ann am Port Rìgh.</p>		
13	<p>Bha a h-uile duine a' bruidhinn mun choinneimh agus mu dhrogaichean.</p> <p>'S i a' cheist a bha aig gach duine san t-seòmar, "Saoil cò anns an ostail a tha ri drogaichean?"</p>		
14-16	<p>"Cha leig sibh leas coimhead ormsa," arsa Punto le gàire ri MacDhòmhnaill is Casper. "Chan e mise a bh' ann co-dhiù."</p> <p>"Chan e no mise," thuirt Casper.</p> <p>Mu dheireadh thuir MacDhòmhnaill, "Cuiridh mi geall gur e breugan a th' ann. Càit am faigheadh duine drogaichean làidir am Port Rìgh?" Cha robh de dhuinealas aig duine a chuireadh an aghaidh beachd MhicDhòmhnaill.</p>		
	<p>"Chaidh lain air ais gu seòmar nan geomannan agus chuir e fhèin agus Domitan crìoch air a' gheam teanas.</p> <p>Bha lain a' cumail sùil a-mach airson Easgann agus Sgait fhad 's a bha e a' cluich teanas, ach cha robh sgeul orra. As dèidh dhaibh a bhith deiseil, bha beagan mhionaidhean ann mus biodh an dinnear ann. Smaoinich e gun deigheadh e suas don rùm aige a choimhead air Muff."</p>		
	<p>"Nuair a dh'fhosgail e an drathair cha mhòr nach do thuit e.</p> <p>Bha Muff na laighe air bonn an drathair agus ful a' tighinn às a beul.</p> <p>Bha cuideigin air a marbhadh.</p> <p>Thilg lain e fhèin air an leabaidh agus thòisich e air caoineadh.</p> <p>Cha robh duine anns an rùm ach e fhèin."</p>		

# CAIBIDEIL A SIA: A' CHOINNEAMH



## 3. Structar

Anns a' chaibideil, chì sinn gu bheil an sgrìobhadair cuideachd a' cleachdadadh **structar**.

**Ann am buidhnean**, bruidhinnibh mu na leanas:

- i. Dè chleachd an sgrìobhadair airson sgaradh a chur anns a' chaibeideil?
- ii. Nur beachd-se, carson a rinn e sin?
- iii. Nur beachd-se, carson nach do rinn an sgrìobhadair caibideil fa-leth às a' phios mu dheireadh den chaibideil?

# CAIBIDEIL A SEACHD: SABAID

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Carson a bha lain a' faireachdann 'gu tur leis fhèin'? Ainmich dà adhbhar.
- ii. Carson nach b' urrainn dha innse dha na tidearan mu na thachair do Muff?
- iii. 'leth leis an fheirg'. Tagh abairt às a' chaibideil a sheallas gun robh 'fearg' air lain
- iv. 'leth leis an eagal'. Tagh abairt às a' chaibideil a sheallas gun robh 'eagal' air lain.
- v. Dè a' bhuaidh a bh' aig a' bhuille a thug lain do dh'Easgann?
- vi. Carson a fhuair Easgann 'làmh-an-uachdair'?
- vii. Carson a thòisich lain a' rànaich às dèidh do Dhomitán bruidhinn ris?
- viii. Carson, ann am beachd lain, a bhiodh cuid de na gillean ag obair air?



## 2. Dràma

Ann am buidhnean, tha sibh a-nise a' dol a dhèanamh **dràma beag** le bhith ag atharrachadh stoidhle na sgeulachd bho nobhail gu dealbh-chluich.

- i. Tha a' chiad phàirt den dràma (air an ath dhuilleig) air a dhèanamh ach gu bheil beagan bheàrnana rin lìonadh – feumaidh sibh crìoch a chur air.

Feumaidh sibh an uair sin crìoch a chur air an dràma air fad le bhith a' cleachdadh paragrafan 7 - 25. Bidh sibh deiseil nuair a ruigeas sibh an loidhne aig Domitan '*Tha mi duilich ... mu dheidhinn na lucha*'. Feuchainn ri stoidhle a' chiad phàirt den dràma a chumail fhad 's a leanas sibh oirbh.

- ii. Ma nì an clas obair mhath, 's dòcha gum bi cothrom cleasachd a dhèanamh agus 's dòcha gun tèid an dràma a chlàradh mar bhidio.

# CAIBIDEIL A SEACHD: SABAID

## DEALBH-CHLUICH: SABAID ANNS AN OSTAIL.

### Caractaran:

Iain \_\_\_\_\_ - - - - -

### Suidheachadh:

ann an dorm Iain

Tha an dràma a' tòiseachadh le Iain na \_\_\_\_\_ air an \_\_\_\_\_.  
Tha e a' rànaich is an uair sin a' tiormachadh a \_\_\_\_\_. Tha e a' bruidhinn  
ris fhèin.

### Iain (gu brònach):

Ò, dè nì mi? Tha Muff \_\_\_\_\_. Chan eil \_\_\_\_\_ sam bith agam. Ma  
thèid mi gu \_\_\_\_\_ no \_\_\_\_\_, chanadh iad gur mise a  
bhris na \_\_\_\_\_ an toiseach leis gun robh peata agam san ostail.

Tha \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_ a' nochdadhbhagh aig an doras 's iad  
a' gàireachdainn.

### Easgann (a' magadh air):

Ah! Tufti, \_\_\_\_\_?

Ged a tha an t-eagal air Iain, tha e ag èirigh agus a' gabhail ceum gan  
ionnsaigh.

### Iain (le \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_):

Tha, \_\_\_\_\_.


# CAIBIDEIL A H-OCHD: PLANAICHEAN

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Carson nach robh dragh air lain a bhith ann an seòmar an telebhisein?
- ii. Carson nach robh MacDhòmhnaill airson innse do Mhgr Òg mu na drogaichean? Thoir seachad dà phìos fiosrachaидh.
- iii. Carson a dh'aontaich an Sgioba gun robh e coltach gun robh Easgann agus Sgait ri drogaichean?
- iv. Inns mun bheachd a bh' aig MacDhòmhnaill.
- v. Carson nach do chòrd am beachd seo ri Casper agus Domitan? Thoir dà adhbhar.
- vi. Carson a bha MacDhòmhnaill a' smaoineachadh gum bu chòir dhaibh a dhol ann aig meadhan-oidhche?
- vii. Carson a bha an Sgioba a' dol a chur stocainnean tiugha thairis air am brògan?
- viii. Càit an robh MacDhòmhnaill a' smaoineachadh a bhiodh na drogaichean?
- ix. Carson a bha e coltach nach e cainb a bh' anns na drogaichean?
- x. Carson a bha MacDhòmhnaill a' smaoineachadh gum biodh tòrr dhrogainchean ann?

# CAIBIDEIL A H-OCHD: PLANAICHEAN



## Tarsainn

1. Far an robh Muff na laighe marbh.
4. An rud a thug Easgann agus Sgait air lain.
6. Mar a dheigheadh an Sgioba air bòrd.
7. An rud a dhèanadh an Sgioba nam biodh trioblaid aca aig a' chidhe.
8. An uair aig an deigheadh an Sgioba chun a' chidhe.
11. Na rudan a chuireadh an Sgioba air taobh a-muigh am brògan.
13. Rud a dh'fheumadh a bhith aig an Sgioba.
14. An dath a th' air cainb.
15. An dath a bha an droga a bh' aig Easgann is Sgait.

## Sìos

1. Far an robh an Sgioba nuair a bha iad a' dèanamh phlanaichean.
2. Bha MacDhòmhnaill airson a bhith \_\_\_\_\_ mu na thuirt lain mus innseadh iad do Mhgr Òg.
3. Bha MacDhòmhnaill draghail nach do thachair sgeulachd lain ach na \_\_\_\_\_.
5. Far an robh MacDhòmhnaill na shuidhe.
9. Bha an t-eagal air Domitan gum biodh \_\_\_\_\_ aig luchd na yacht.
10. Chumadh an Sgioba air falbh bhon \_\_\_\_\_ nuair a bhiodh iad a' dol chun a' chidhe.
12. Far an robh MacDhòmhnaill a' smaoineachadh a bhiodh na drogaichean.
16. Thuirt MacDhòmhnaill nach bu choir dhan Sgioba \_\_\_\_\_ a ràdh ri lain.

# CAIBIDEIL A NAOL: FARCHLUAIS

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Dè chuala lain fhad 's a dh'èist e aig an doras?
- ii. Carson a fhuair lain briseadh-dùil nuair a leig an Sgioba Punto a-steach dhan bhuidheann? Thoir dà adhbhar.
- iii. Carson a bha cuid de ghillean na h-ostail air cruinneachadh aig an doras-agħaidh?
- iv. Carson a 'chronaich lain e fhèin'?
- v. Dè an staid anns an robh Easgann? Ainmich dà rud.



A' TUIGSINN  
FHAACLAN  
NACH TUIG THU!

## 2. A' tuigsinn fhaclan ... nach tuig thu!

Mura tuig thu facial ann an seantans, caillidh tu beagan den phlota no mu charactar.

Dè nì thu, ma-thà, nuair a tha **facal ann nach tuig thu?**

### Eisimpleir: Paragraf 1:

Tha am facial '**a leithid**' anns an dàrna seantans mu dheireadh den pharagraf seo.

A bheil thu ga thuigsinn?

Mura h-eil, feuch ris **a' cho-theacs**a a chleachdad gus do chuideachadh.

"*Cha mhòr gun creideadh lain a chluasan nuair a chuala e gun robh dùil aca a dhol air bòrd na yacht. Dh'fhuirich e greiseag ag èisteachd. Cha bhiodh esan gu bràth air smaoineachadh air a leithid a dhèanamh.*"

A bheil an co-theacs a dhèanamh nas fhasa a thuigsinn?

# CAIBIDEIL A NAOL: FARCHLUAIS

## Eisimpleirean eile às a' chaibideil:

Dè tha na faclan seo a' ciallachadh?

Cleachd **co-theacsa** gach facail is feuch ris an clàr seo a lìonadh:

Facal	Ciall	Co-theacsa
tàmailt		Bha e air <b>tàmailt</b> mhòr a chur air gun do leig iad le Punto a bhith anns an Sgioba agus nach do leig leis-san. 'S e gille ùr a bha ann am Punto.
seirm		Chuala e cuideachd <b>seirm</b> mar gum biodh càr poilis.
grunn		Chaidh e air ais sios an staidhre. Bha <b>grunn</b> ghillean mun doras-aghaidh
air an cur thuige		Bha grunn ghillean mun doras-aghaidh agus iad <b>air an cur thuige</b> mar gum biodh rudeigin eagalach air tachairt. Chunnait e carbad-eiridiann aig an doras.
chronaich		Rinn an naidheachd toilichte e an toiseach. Ach aig an aon àm bha fhios aige gun robh sin ceàrr. Cha bu chòir dha a bhith toilichte ged a bha Easgann cho olc ris. <b>Chronaich</b> e e fhèin ...
mhiannaich		Chronaich e e fhèin agus <b>mhiannaich</b> e gum biodh Easgann ceart gu leòr.
sineadair		Thàinig fir a' charbaid-eiridiann a-nuas le Easgann air <b>sineadair</b> .
anart		Bha aodann mar an <b>anart</b> agus bha e mar gun robh e na chadal.



# CAIBIDEIL A DEICH: FEITHEAMH

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Dè am plana a bh' aig lain?
- ii. Carson a bha e airson seo a dhèanamh? Thoir dà adhbhar.
- iii. Dè rinn lain às dèidh dha na balaich oidhche mhath a ràdh ri chèile?
- iv. Dè am fiosrachadh a tha a' sealltainn dhuinn nach robh MacDhòmhnaill airson lain a dhùsgadh? Ainmich dà rud.
- v. Dè an t-eagal a bh' air lain nuair a bha e a' coiseachd ri taobh an rathaid?
- vi. Dè rinn e airson an t-eagal seo a dhèanamh nas lugh?



## 2. Geàrr-chunntas



Tha thu air geàrr-chunntas a dhèanamh mu-thràth ach, an turas seo, feumaidh tu fhèin barrachd den obair a dhèanamh!

Cuimhnich, nuair a nì thu geàrr-chunntas

- bidh thu a' taghadh an fiosrachaidh as cudromaiche agus
- bidh thu a' cleachdadadh d' fhaclan fhèin.

Leugh a'chaibideil a-rithist agus tagh **ceithir no còig** de na rudan as cudromaiche a thachair. Tha a' chiad phuing air a dèanamh dhut:

- i. Nuair a chaidh iad dhan leabaidh, cha do dh'innse lain dhan Sgioba mu na planaichean a bh' aige.
- ii.
- iii.
- iv.

# CAIBIDEIL A H-AON-DEUG: SLIGHE FO SHOLAS NA GEALAICH

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Càit an do dh'fhàg an Sgioba an rathad mòr?
- ii. Carson a b' urrainn dhan Sgioba am bàgh, an cidhe agus an yacht fhaicinn, ged as e an oidhche a bh' ann?
- iii. Dè chunnaic an Sgioba nuair a thàinig iad faisg air an yacht?
- iv. Dè bha an duine a bha faisg air an yacht a' dèanamh?



## 2. Èisteachd

Cluinnidh tu a' chaibideil seo a dhà no trì thursan.

Freagair na ceistean a leanas le notaichean.

Feuch ri fianais (faclan no abairtean cudromach às a' chaibideil) a chleachdadh gus taic a thoirt dha do fhreagairtean.

### Pàirt A

- i. Dè thachair nuair a bha an Sgioba faisg air an drochaid thairis air Abhainn Leasgearraidh?
- ii. Carson a bha e na chuideachadh dhan Sgioba nach robh mòran uisge anns an abhainn?
- iii. Dè th' air innse dhuinn mu choltas a' Mhary-Jane?
- iv. Dè rinn Domitan gus nach dèanadh càch cus fuaim?

### Pàirt B

- v. Dè cho fada 's a bha an Sgioba bhon yacht nuair a shaoil MacDhòmhnaill gur e lain a bha ri taobh na yacht?
- vi. Ciamar a bha MacDhòmhnaill a' faireachdainn nuair e chunnaic e gur dòcha gun robh lain air thoiseach orra?
- vii. Dè dhèanadh an Sgioba nam b' e aon den chriutha a bh' ann?
- viii. Cò den Sgioba a bha an-còmhnaidh air thoiseach fhad 's a rinn iad an slighe chun a' chidhe?

# CAIBIDEIL A DHÀ-DHEUG: FREAGAIRTEAN IS CEISTEAN

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Dè an staid anns an robh Easgann?
- ii. Carson a bha Mgr Òg air a thàmailteachadh gun robh gille às an ostail air a bhith a' gabhail dhrogaichean? Thoir dà adhbhar.
- iii. Ainmich trì rudan a thug Easgann às a phòcaidean.
- iv. Dè bh' anns a' phoca pàipeir?
- v. Dè am prìomh fhiosrachadh a thug Mgr Òg dhan phoileas?
- vi. Dè fhuair Mgr Òg a-mach nuair a thug e sùil ann an dorm a trì?

## 2. Lorg na h-Ainmearan

Tha e cudromach gun urrainn dhut diofar sheòrsachan fhaclan aithneachadh bho chèile.

Anns a' phios-obrach seo, 's e an t-amas gach ainmear ann an Caibideil 12 a lorg (tha còrr is seachdad ann!).

- i. Cleachd an clàr a leanas airson do chuideachadh (ach na sgrìobh ainmear sam bith barrachd air aon turas).

## Mar Eisimpleir:

Paragraf	Ainmearan (rudan, daoine, àiteachan)
1 ('Bha Mgr Òg ...')	Mgr MacLeòid      clann      ostail      gille(an) drogaichean      leithid
2 ('Ach a-nis ...')	
3 - 6 ('Bha Mgr Òg ...')	
7 - 10 ('Ghnog Sgait ...')	
11 - 14 ('Dh'fhàs Sgait ...')	
15 - 18 ('Thug e a-mach ...')	
19 - 22 ('Chan eil fhios ...')	
23 - 24 ('An toiseach...')	
25 ('Cha robh an ...')	
26 ('Chuir e fòn ...')	
27 - 29 ('Thug e an aire ...')	

# CAIBIDEIL A DHÀ-DHEUG: FREAGAIRTEAN IS CEISTEAN

## 3. Toimhseachan



TOIMHSEACHAN



Chaidh a' chiad pharagraf a dhèanamh dhut

- ii. A-nis, tha còrr is ceathrad de na h-ainmearan a nochd sa chaibideil seo anns an tòimhseachan gu h-ìseal.

Cia mheud dhiubh a lorgas tu?

Anns an tòimhseachan seo, bidh a h-uile ainmear singilte.

p	ò	c	a	i	d	r	ò	b	a	b	a	i	r	e
ù	c	e	d	s	g	i	a	n	e	f	n	ì	g	u
d	e	a	r	b	h	a	d	h	d	i	a	r	a	c
a	h	n	i	l	l	m	o	n	s	o	i	f	u	o
r	o	n	ò	f	i	p	r	ù	m	r	l	s	a	i
a	n	a	t	u	a	ù	a	b	c	p	d	e	i	r
e	n	r	f	c	ù	i	s	t	a	i	d	h	r	e
m	a	d	a	i	n	n	a	l	c	o	s	g	h	a
o	e	h	t	u	g	n	a	e	r	s	i	i	r	c
r	c	i	n	n	t	i	l	m	f	e	a	d	a	h
h	c	a	e	s	i	o	t	n	ì	a	g	ù	e	m
t	o	p	o	i	l	e	a	s	r	c	o	i	s	i
o	p	e	t	i	à	r	s	u	i	a	i	l	d	È
c	i	d	h	e	m	t	u	c	n	i	r	c	i	r
l	e	t	h	c	h	e	a	n	n	d	b	a	t	g

# CAIBIDEIL A TRÌ-DEUG: MEARACHD MHICDHÒMHNAILL

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Carson a bha iongnadh air lain nuair a ràinig e an cidhe?
- ii. Tagh dà abairt a sheallas gun robh lain gu math faiceallach nuair a bha e air bòrd na yacht.
- iii. Tagh abairt a sheallas gun robh MacDhòmhnaill gu math mì-faiceallach.
- iv. Seall, le dà eisimpleir gur e duine garbh a bh' anns an duine (Hardy) a ghlac lain.
- v. Dè am fiosrachadh a bu chudromaiche do Toff?
- vi. Carson a bha Toff airson falbh sa bhad?
- vii. Dè am facal, faisg air deireadh a' chaibideil, as fheàrr a dh'innseas dhuinn mu shuidheachadh lain?



## 2. Beachdachadh

Freagair na ceistean a leanas:

- ann an seantansan
- agus le fianais fhreagarrach

i.

Nuair a ràinig Iain an cidhe chunnait e an yacht anns an aon àite anns an robh i na bu thràithe. Cha robh duine eile ri fhaicinn. Chuir e iongnadh mòr air nach robh an Sgioba ann air thoiseach air. Cha b' urrainn dha tuigsinn dè bha air tachairt dhaibh.

Le bhith a' coimhead air ais air **Caibideil 10 agus Caibideil 11**, seall carson nach b' urrainn do lain an suidheachadh seo a thuigsinn.

- ii. Seall, le bhith a' togail air an **dàrna** paragraf, gun robh lain a' faireachdann mì-chinnteach.
- iii. Le bhith a' togail air an **treas** paragraf, seall dè an rud as cudromaiche do dh'lain agus mar a tha fios agad air a seo.
- iv. Nad bheachd-sa, carson a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh sheantansan goirid anns a' **cheathramh** paragraf?
- v. Nad bheachd-sa, carson a chuir an sgrìobhadair *lain!*? ann am paragraf leis fhèin?
- vi. Coimhead air paragrafan **sia gu naoi**. Tagh **dà** abairt a sheallas gu bheil eagal a' toirt buaidh air lain anns an t-suidheachadh seo.
- vii. Coimhead air a' phàirt den chaibideil às dèidh do Toff tighinn às a' chaban. Seall gu bheil tuigse mhath aig Toff gu bheil e fhèin is an dithis eile ann an cunnart. Feuch ri togail air **dà** phuing.

# CAIBIDEIL A CEITHIR-DEUG: AN SGIOBA AN TÒIR NAN EUCORACH

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Carson a stad an Sgioba a ruith?
- ii. Dè am fuaim a chuala iad às dèidh dhan luchd-turais sùil a thoirt orra?
- iii. Carson a bha MacDhòmhnaill cho misneachail mu bhith a' cleachdadadh bàta? Thoir dà adhbhar.
- iv. Tagh abairt a sheallas gun robh an t-astar eadar an dà bhàta a' fàs na bu lugha.



## 2. Caractar

Freagair na ceistean a leanas:

- ann an seantansan
- agus le fianais fhreagarrach
  - i. Le bhith a' cuimhneachadh air na thachair aig a' chidhe ann an Caibideil 13, beachdaich air na tha sinn a' faighinn a-mach mu charactar MhicDhòmhnaill ann am **paragrafan aon agus dhà**.
  - ii. Tha an Sgioba a' cluinntinn *einnsean bàta a' tighinn beò* agus tha sinn a' faighinn a-mach mar a thill an Sgioba chun a' chidhe. Nad bheachd-sa, dè tha na rinn MacDhòmhnaill às dèidh seo ag innse dhuinn mu a charactar? Tog air **dà** rud.
  - iii. Coimhead a-rithist air **a' pharagraf mu dheireadh** far an leugh sinn *Bha MacDhòmhnaill aig an stiùir.*
  - iv. Seall mar a dh'fhaodadh sinn seo a thuigsinn ann an dà dhòigh.



# CAIBIDEIL A CÒIG-DEUG: CUNNART MÓR

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Dè an t-eagal a bu mhotha a bh' air an Sgioba nuair a bha an yacht a' tighinn gan ionnsaigh?
- ii. Tagh abairt a sheallas gun robh fios aig an Sgioba nach fhaigheadh iad air falbh bho na h-eucoraich.
- iii. Dè an dà rud a chleachd na h-eucoraich airson grèim fhaighinn air a' bhàta agus airson eagal a chur air na gillean?
- iv. Dè rinn Toff gus am biodh an Sgioba 'ann am meadhan na mara gun dhòigh aca air a leantainn'.
- v. Dè an rud air bòrd a' bhàta nach fhaca na h-eucoraich?
- vi. Dè chunnaic an Sgioba (faisg air deireadh a' chaibideil) agus dè shaoil iad a bh' ann?



## 2. Sgrìobhadh

Le bhith a' coimhead thairis air Caibideilean dhà-dheug gu còig-deug, sgrìobh seantans no dhà ag innse dè an suidheachadh anns a bheil gach caractar/buidheannseo:

### Caibideil 12:

- i. Am Poileas
- ii. Mgr Òg

### Caibideil 13:

- iii. Iain

### Caibideil 15:

- iv. An Sgioba
- v. Eucoraich a' Mhary-Jane



## 3. Bruidhinn

Dè, nad bheachd-sa, a thachras do gach caractar/buidheann ann an 2i. gu v. ?

**Ann am buidhnean**, thoiribh seachad ur beachdan.

# CAIBIDEIL A SIA-DEUG: PLANA IAIN

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Tagh seantans anns a' chiad pharagraf a tha a' sealltainn gun robh lain ag aithneachadh gun robh e ann am fior dhroch shuidheachadh.
- ii. Anns an dàrna paragraf, dè an dà rud a bu mhotha a bha a' cur dragh air lain?
- iii. 'Feumaidh sinn tilleadh ... Tha iad a' tighinn nas fhaisge.' Carson a thug na chuala lain dòchas dha?
- iv. Ciamar a bha an ùine a chuir lain agus Punto seachad anns na Scouts gu bhith gu feum dhaibh.
- v. Seall mar a fhuair lain a-mach às an àite anns an robh e glaiste.
- vi. Tagh abairt a sheallas nach do chleachd lain an toirdse sa bhad.
- vii. Tagh dà fhacal às a' pharagraf mu dheireadh a sheallas gun do dhèilig Hardy ri lain ann an dòigh gu math cruaidh.



## 2. Lorg na Buadhairean

Tha e cudromach gun urrainn dhut diofar sheòrsa fhaclan aithneachadh bho chèile.

Anns a' phìos-obrach seo, tha agad ri gach **buadhair** ann an Caibideil 16 a lorg.

Chì thu nach eil ach beagan ann (dìreach ceithir-deug) an tacà ris an àireamh mhòr de dh'ainmearan a lorg thu ann an Caibideil 12.

Cleachd an clàr gu h-ìseal airson do chuideachadh (ach na sgrìobh buadhair sam bith barrachd air aon turas). Chaidh a' chiad dà pharagraf a dhèanamh dhut.

Paragraf	Buadhairean (facal a dh'innseas barrachd dhut mu ainmear)
1 ('Nuair a thàinig ...')	beag mì-sgiobalta
2 ('Bha e air ...')	/
3 - 6 ('Feumaidh sinn ...')	
7 ('Cha mhòr ...')	
8 - 9 ('Chuala e ...')	
10 - 11 ('Bheothaich ...')	
12 ('Chuimhnich ...')	
13 - 16 ('Cha robh ann ...')	
17 - 20 ('Chùm lain ...')	
21 - 24 ('Dè th' agad ...')	
27 - 29 ('Thug e an aire ...')	

# CAIBIDEIL A SIA-DEUG: PLANA IAIN

## 3. TOIMHSEACHAN



TOIMHSEACHAN

Cia mheud de na buadhairean a lorgas tu anns an tòimhseachan?

Anns an tòimhseachan seo, tha a h-uile buadhair sìmplidh a thaobh gràmair.  
Cuimhnich, mar sin, cuid de na faclan atharrachadh  
(mar eisimpleir għleansaich, mhōr, ...)

g	l	e	a	n	s	a	c	h	a
b	e	c	d	e	h	l	n	f	a
p	t	r	i	o	g	g	r	o	m
a	l	g	r	u	a	m	a	c	h
h	i	a	a	s	m	u	n	i	a
d	a	e	n	r	a	b	à	g	r
i	h	b	n	a	g	r	d	s	a
a	b	u	i	l	e	a	c	h	s
u	à	u	t	e	a	m	ò	r	a
r	s	m	a	p	l	t	a	t	c
c	u	n	n	a	r	t	a	c	h

# CAIBIDEIL A SEACHD-DEUG: TUIGSE



## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- Tagh dà abairt a sheallas nach robh e furasta do Phunto Còd Morse a thuigsinn.
- Dè tha a' sealltainn dhuinn gur e obair mhòr a bhiodh ann Camas Tianabhaig a ruighinn?

## 2. Sealladh agus Structar

Tha an sgrìobhdair a' cleachdadadh **structar** inntinneach ann an Caibideil 15, 16 agus Caibideil 17. Tha e a' toirt an aon fhiosrachadh seachad ... ach bho dà **shealladh** eadar-dhealaichte.

Lion an clàr a leanas gus am bi an **dà** shealladh air an aon suidheachadh air an toirt còmhla. Chaidh a' chìad fhear a dhèanamh dhut agus bheir an tidseir taic dhut ris a' chòrr cuideachd.

Caibideil 16 – Sealladh lain	Caibideil 15 & 17 – Sealladh an Sgioba
Dh'fhairich e am bàta a' tionndadh.	Gu h-obann ghlaodh Domitan, "Seallaibh, tha i air tionndadh."
	"Stadaibh," thàinig an èigh bhon bhàta mhòr. "Stadaibh agus cha thachair càil dhuibh."
An dèidh greiseig chuala e guth eile nas fhaide air falbh is e ag ràdh, "Tha gunna aca."	
	Mar a thuirt e na facail thàinig an urchair.
Chuala e èigheach eile agus an uair sin brag rudeigin cruaidh air meatailt.	
	Thionndaidh an yacht agus chaidh i gu deas, a' fàgail nan gillean ann am meadhan na mara gun dhòigh aca air a leantainn.
Nuar a bha e a' smaoineachadh gun robh e sàbhailte thug e a-mach an toirdse à pòcaid a sheacaid agus ga falach le a bhodhaig thòisich e air a priobadh.	
	Bha solas a' priobadh riutha bhon yacht. "Iain a tha sin," arsa Domitan. "Tha e a' feuchainn ri rudeigin innse dhuinn."
	Nuar a chunnaic an Sgioba gun robh Iain a' priobadh an t-solais riutha cha robh iad an toiseach cinnteach dè bha e a' feuchainn ri innse dhaibh. An uair sin ghlaodh Punto agus e air bhioran. "S e Còd Morse a th' ann."
	"An dàrna litir da, da, dit," Bha Punto a' dèanamh a dhicheall gus cuimhneachadh. "Sgonnsar," ghlaodh Domitan le iolach.

# CAIBIDEIL A H-OCHD-DEUG: ADHARTAS

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Tagh abairt a sheallas nach robh an Sàirdseant buileach cinnteach an robh fiosrachadh Mhgr Òig ceart.
- ii. Tagh abairt a sheallas gun robh e ag aithneachadh ge-tà gur dòcha gun robh suidheachadh èiginneach ann.
- iii. Carson a tha crac gu sònraichte cunnartach? Thoir dà adhbhar.
- iv. Dè chuala na poilis is Mgr Òg a chuir eagal orra?
- v. Dè an rud a dh'innse Mgr Òg dhan phoileas a bha 'a' cur iongnadh mòr air'?
- vi. Dè an naidheachd a bu chudromaiche a bh' aig MacDhòmhnaill dhan phoileas?
- vii. Dè an dà rud a thug na poilis leotha a sheallas dhuinn gun robh fios aca gun robh cunnart mòr romhpa?



## 2. Geàrr-chunntas

Tha thu air dà gheàrr-chunntas a dhèanamh mu-thràth ach, an turas seo, feumaidh tu an obair air fad a dhèanamh!

Cuimhnich, nuair a nì thu geàrr-chunntas:

- bidh thu a' **taghadh an fiosrachaidh as cudromaiche** agus
- bidh thu a' cleachdadadh **d' fhaclan fhèin**.

Leugh a' chaibideil a-rithist agus tagh **sia no seachd** de na rudan as cudromaiche a thachair.

- i.
- ii.
- iii.
- iv.
- v.
- vi.

# CAIBIDEIL A NAOI-DEUG: DÒCHAS IS EAGAL

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Dè an staid anns am biodh pàrantan lain nam biodh fios aca air an t-suidheachadh anns an robh lain?
- ii. Tagh abairt a sheallas gun do dh'fheuch 'fear na briogais gleansaich' ri lain a chofhurtachadh.
- iii. Tagh abairt a sheallas nach robh an duine seo idir cho còir 's a rinn e a-mach aig an toiseach.
- iv. Seall carson a bhiodh e na b' fheàrr dha lain nam faigheadh na h-eucorai ch air falbh.



## 2. Èisteachd

Cluinnidh tu a' chaibideil seo a dhà no trì thursan.

Freagair na ceistean a leanas le notaichean.

Feuch ri fianais (faclan no abairtean cudromach às a' chaibideil) a chleachdad ch gus taic a thoirt dha do fhreagairtean.

### Pàirt A

- i. Ciamar a bha lain a' faireachdainn aig toiseach a' chaibideil?
- ii. Carson a bha e a' faireachdainn mar seo?
- iii. Dè an dà rud a dh'fheumadh a bhith air tachairt nan robh lain gu bhith ann an suidheachadh na b' fheàrr?
- iv. Dè an dà rud a bha 'fear na briogais gleansaich' airson faighinn a-mach?

### Pàrt B

- v. Dè an rud a bu mhotha a thug air 'fear na briogais gleansaich' fàs fiadhaich?
- vi. Dè bha na h-eucorai ch am beachd a dhèanamh le lain nam biodh 'gach nì gu math'?
- vii. Dè thachradh nam biodh lain air planaichean nan eucorach a chur ceàrr?
- viii. Seall gun robh lain na èiginn aig deireadh a' chaibideil.

# CAIBIDEIL A FICHEAD: AIG CIDHE SGONNSAIR

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Dè na riaghailtean a th' aig poilis a thaobh a bhith a' cleachdad  
ghunnaichean?
- ii. Thoir fiosrachadh a thaobh far an do dh'fhalainch na poilis iad fhèin.
- iii. Dè an dragh a bh' air an t-Sàirdseant mu na poilis eile?
- iv. Cuin a thòisich na poilis air gluasad a dh'ionnsaigh nan eucorach?
- v. Dè am fios nach robh aig Toff?
- vi. Ciamar a chuir an Sàirdseant MacPhàil stad air an triùir eile bho bhith  
a' teicheadh?
- vii. Tagh dà abairt a sheallas gun robh fior eagal air lain.



## 2. Ealain

Tha an sgrìobhadair a' cur tòrr fiosrachaidh a-steach dhan chaibideil seo gus am bi dealbh math nar n-inntinnean den t-suidheachadh ann an Sgonnsair.

Leugh na seantansan a leanas agus dèan dealbh air an ath dhuilleag de na chì thu nad inntinn.

Bha na solais dheth anns na taighean mun cuairt.

Dh'fheumadh iad na càraichean fhalach. Chuir iad suas frith-rathad iad, a-mach às an t-sealladh.

Gun dàil chaidh iad sìos ris a' chladach, dithis air gach taobh den chidhe agus mu chaogad meatair bhuaithe. Laigh iad sìos far nach deigheadh am faicinn agus dh'fheith iad.

Bha iad leth-uair a thìde nan laighe nuair a thàinig Ford Transit. Stad i aig mullach a' chidhe agus chuir an dràibhear dheth na solais.

Dh'fhosgail doras na bhana agus thàinig duine a-mach. Chan fhaiceadh iad aodann anns an eadar-sholas. Sheas e ri taobh na bhana is e a' coimhead gu muir.

Chluinneadh iad fuaim einnsean bàta. An ceann greis chitheadh iad i a' dèanamh air a' chidhe, yacht meadhanach mòr le aon chrann àrd.

Thàinig am bàta a-steach ris a' chidhe. Chaidh fear na bhana ga coinneachadh agus leum e air bòrd. Chaidh mionaid no dhà seachad mus do thòisich iad a' giùlan stuth bhon yacht chun na bhana."

# CAIBIDEIL A FICHEAD: AIG CIDHE SGONNSAIR

# CAIBIDEIL FICHEAD 'S A H-AON: ANNS AN SGIOBA

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Ainmich dà rud a bha a' cur dragh air lain is e a' tilleadh dhan ostail.
- ii. Cò bu mhatha den Sgioba a bha air atharrachadh anns an dòigh anns an do dhèilig e ri lain?
- iii. Ainmich a' cheist a chaidh a chur air lain agus a bhiodh air toileachas mòr a thoirt do dh'lain.
- iv. Dè na trì dòighean anns am biodh beatha lain ag atharrachadh?
- v. Dè an rud a bha fhathast ga ghoirteachadh?



TOIMHSEACHAN

## 2. Tòimhseachan

Lorg air facal sa chaibideil seo a fhreagras an tòimhseachan a leanas. Chan eil an tòimhseachan a rèir òrdugh a' chaibideil.

- i. far an robh triùir de na h-eucoraich
- ii. mar a bha an Sgioba nuair a thàinig lain a-steach
- iii. far an deach lain às dèidh dha Mgr Òg fhaicinn
- iv. mar a bha Mgr Òg nuair a thog e an Sgioba
- v. an rud a thàinig às dèidh dhan Sgioba bruidhinn
- vi. an fhaireachdainn a bh' aig lain
- vii. rud a thuirt triùir den Sgioba aig an aon àm
- viii. an t-àite a ràinig lain aig còig uairean sa mhadaidh
- ix. mar a bha an sgeulachd a dh'innseis lain dhan Sgioba

Sgrìobh na faclan a lorg thu sa chaibideil anns a' chlàr gu h-iseal (anns an aon òrdugh 's a th' agad gu h-àrd).

Bu chòir gum bi facal a' ruith sìos tron chlàr, facal a dh'innseas mar a tha lain a-nis.

i.									
ii.									
iii.									
iv.									
v.									
vi.									
vii.									
viii.									
ix.									

# CAIBIDEIL FICHEAD 'S A DHÀ: DEIREADH NA SGEÒIL.

## 1. Obair-tòiseachaidh

Seall gu bheil thu a' tuigsinn a' chaibideil le bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:

- i. Tagh dà abairt a sheallas gun robh Mgr Òg agus Mgr MacLeòid airson toirt air na gillean tuigsinn gun do rinn iad gu ceàrr.
- ii. Dè am peanas a fhuair an Sgioba?
- iii. Dè am beachd a bh' aig Mgr Òg a thaobh na rinn lain agus carson?
- iv. Carson a chaidh Easgann agus Sgait a chur a-mach às an ostail agus an sgoil?



SGRIOBHADH

## 2. Sgrìobhadh

'S e naidheachd mhòr a bhiodh anns na thachair, gu sònraichte air a' Ghàidhealtachd ach cuideachd gu nàiseanta.

Tha fios gum biodh an sgeulachd seo air duilleag-aghaidh iomadh pàipearnaidheachd.

Faodaidh tu taghadh ... an e neach-naidheachd ionadail no neach-naidheachd nàiseanta a th' annad?

## PÀIPEAR AN EILEIN

25 an t-Ògmhios 2019

75sg

## DROGAICHEAN ANN AM PORT RIGH

Eucoraich an Grèim le Cuideachadh bho Ghille

Chaidh luach deich millean not den droga Cocaine a lorg tràth sa mhadainn an-diugh ann ann an Sgonnas.

Tha e coltach,

le Dòmhnaill Caimbeul

## ALBA AN-DIUGH

25 an t-Ògmhios 2019

£1.65

## COCAINE ANNS AN EILEAN SGITHEANACH

Eucoraich agus Drogaichean an Grèim

Chaidh stad a chur air eucoraich dhrogaichean anns An Eilean Sgitheanach an-dè is iad a' feuchainn ri Cocaine a thoirt a-steach dhan dùthaich.

A rèir cholais,

le Mairi NicRath

# CAIBIDEIL FICHEAD 'S A DHÀ: DEIREADH NA SGEÒIL.



## Stoidhle is Susbaint na h-Aithisg

Mus tòisich thu, cuimhnich: nuair a bhios tu a' sgriobhadh do phàipearnaidheachd, feumaidh tu ...

- **cànan foirmeil** a chleachdadh.
- **fiosrachadh a bhios freagarrach** dhan luchd-leughaidh a thoirt seachad.

Ann am buidhnean:

Cuiribh ✓ ri taobh nan seantansan a bhiodh freagarrach is X ri taobh feadhainn nach bitheadh.

Innsibh dhan tidsear carson a thagh sibh ✓ no X.



- Chaidh an luch aig Iain a mharbhadh.
- Dh'innse an Sgioba dhan phoileas mu Iain agus an yacht.
- Fhuair am poileas fiosrachadh gun robh an yacht a' déanamh air Sgonnair is gille às an àite fo ghèream aca.
- Chaidh na h-eucoraich a ghlacadh aig cidhe Sgonnair.
- Ghlac na polis na droch dhaoine aig cidhe Sgonnair.
- Tha mise a' smadineachadh gun robh Iain gu math gaisgeil.
- Tha na polis air innse gum biadh na drogaichean ann an Lunnaim mura b' e na rinn Iain Caimbeul.
- Chaidh Easgann is Sgait a thilgeil a-mach às an sgoil.
- Bha Iain uabhasach toilichte a bhith anns an Sgioba.

# CAIBIDEIL FICHEAD 'S A DHÀ: DEIREADH NA SGEÒIL.

## CUIMHNICH AIR...



### STRUCTAR NA H-AITHISG

'S e seo cuid de na rudan a bu chòir a bhith air a' chiad duilleig den phàipear-naidheachd agad:



### AN TOISEACH

Ainm a' phàipeir, ceann-latha is cosg, ceann-naidheachd (agus 's dòcha fo-cheann-naidheachd).



### AN AITHISG

**Paragraf 1:** geàrr-chunntas beag den phrìomh naidheachd anns a' chiad pharagraf (dè, cuin, càit, (cò, 's dòcha).

**Paragraf 2:** an suidheachadh ann am Port Rìgh (drogaichean, yacht, balach/balaich).

**Paragraf 3:** an suidheachadh ann an Sgonnsair (poileas, sabaid, balach, far a bheil na h-eucoraiach).

**Paragraf 4:** na thuirt poileas mun ghnothach (faodaidh sibh seo a dhèanamh suas).

**Paragraf 5:** co-dhùnadh – dè thachras a-nis (faodaidh sibh seo a dhèanamh suas).



### CLEACHD DEALBH FREAGARRACH AN COIS D' AITHISG!

# AN SGEULACHD A REIR NA H-UARACH PLOTA



BRUIDHINN

## 1. Bruidhinn

Mar bhuidheann no mar chlas, beachdaichibh air an ùine a chaidh seachad eadar toiseach agus deireadh na sgeòil. A bheil cuimhne agaibh?


- Cia mheud latha agus oidhche a bha mar phàirtean den sgeulachd?
- Cuin a thòisich an sgeulachd?
- Cuin a chrìochnaich i?



RANNSACHADH

## 2. Rannsachadh

Tha sinn a' leughadh ann  
an Caibideil 21:



Le bhith a' toirt sùil bheag tro na caibideilean a leanas, lion an clàr seo.  
Chaidh cuid dhiubh a dhèanamh dhut mu-thràth.

Caibideil	An Uair no Fiosrachadh eile mun uair	Na thachair / Suidheachadh
1		lain na laighe air a leabaidh, na gillean eile a' cluich ball-coise
2	bha lain gu bhith ag iasgach airson uair a thìde	aig deireadh a' chaibideil, bha lain gu bhith a' dol a dh'iasgach
4		
5		an uair aig am biodh a' choinneamh
6	bha beagan mhionaidean ann mus biodh an dinneir ann	
7		
8	an dèidh na dinneir	
10		
10		lean lain an Sgioba
13		
17		
20		ràinig na poilis Sgonnsair
20		
21	mu 5:00m	
21		
22		